



Tiotal: Daoine a bhios gam chuideachadh agus a' coimhead às mo dhèidh

ìre: TRÀTH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha fios agam gu bheil daoine nar beatha a ghabhas cùram dhinn agus a choimheadas às ar dèidh, agus tha mi mothachail gum faod daoine a bhith fo chùram phàrantan, luchd-cùraim agus inbhich eile.</p> <p>HWB 0-45a</p>	<ul style="list-style-type: none">Eòlas air daoine a chuidicheas, mar eisimpleir, tidsearan, Identifies people who can help, for example, inbhich eile san teaghlaich, feadhainn eile san teaghlaich.Fios gum faod cùram tighinn bho ghrunn dhiofar dhaoine.

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig clann gum bi diofar inbhich – teaghlaich agus daoine proifeiseanta – a' toirt cùram do chlann.
- Gum bi fios aig clann dè na dreuchdan a th' aig na prìomh phroifeiseantaich a bhios a' toirt seachad cùram.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi ag ionnsachadh gum bi diofar inbhich gar cuideachadh ann an diofar dhòighean, me pàrant, neach-cùraim, tidsear, dotair.
- Tha fios agam gu bheil còir agam air cùram de dhiofar sheòrsachan agus carson a tha sin cudromach.
- Tha fios agam gun urrainn do chùram a bhith eadar-dhealaichte agus gun urrainn dha tighinn bho dhiofar dhaoine.

Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus do luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha leabhairchean air am moladh airson an ionaid/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

Prìomh fhaclan/briathrachas

- Cùram
- Còcaire
- Fiaclair
- Dotair
- Cùis èiginn
- Neach-smàlaidh
- A' cuideachadh
- Dorsair
- Nurs
- Poileas
- Tidsear

Goireas teagaisg // Tha an t-susbaint seo gu lèir airson suidheachadh foghlaim. Airson tuilleadh fiosrachaидh thèidibh gu www.rshp.scot // Lùnastal 2019

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

OBAIR

Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nàdarra nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras rudeigin sònraichte. Tha e fior cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

Cò tha cuideachadh?	Cuiribh air dòigh seachdain cuspair air <i>daoine a tha gar cuideachadh agus a' coimhead às ar dèidh</i> . Dh'faodadh a' chlann bruidhinn air agus comharrachadh a dhèanamh an toiseach air cò tha gan cuideachadh agus na tha iad a' deanamh dhaibhsan agus do dhaoin' eile- 's dòcha thairis air trì leasanan.
----------------------------	--

Cò tha gam chuideachadh san dachaigh? Deàn dealbhan de thaighean agus de na tha a' dol san dachaigh. A' coimhead air cho eadar-dhealaichte 's tha beatha gach neach, a' coimhead cò tha cuideachadh clann agus ciamar, agus 's dòcha a' coimhead feuch cò bhios a' chlann a' cuideachadh – piùthar no bràthair beag, pàrant no seana-phàrant.

Cò bhios gam chuideachadh san sgoil-àraich/sgoil? Faodaidh clann an iPad a chleachdadhus dealbhan a thogail den luchd-obrach san aonad/sgoil agus tadhal orra (san oifis/talla-bìdh msaa) gus tuilleadh fiosrachaидh fhaighinn agus ceistean fhaighneachd.

Cò bhios a' cuideachadh dhaoine nuair... a tha cuideigin tinn no air an goirteachadh, a tha fiacail ghoirt aca, a tha iad air chall, nach eil rudeigin ag obair... Faodaidh clann meòrachadh air suidheachaidhean far am biodh iad feumach air cuideachadh sa mhionaid no far am biodh iomagain no dragh orra, ach faodaidh iad cuideachd bruidhinn air cò tha gan cuideachadh ann an dòigh a sheachaineas cron me carson a bhios sinn a' dol chun an fiaclair gu cunbalach.

Tha an taisbeanadh PowerPoint a' dèanamh brosnachadh – cuir ris/atharraich gus dealbhan a chur a-steach de na daoine air am bi clann a' tachairt agus air a bheil iad eòlach. Brosnaich a' chlann gus sgeulachdan innse mu bhith a' dol chun an dotair, fiaclair no dhan ospadal – 's dòcha gum b' urrainn dhaibh dealbhan a thogail air iPad/ tablaid airson an sealltainn.

Faireachdainnean	Brosnaich còmhraídhean ann am buidheann no aon-ri-aon mu mar a tha e a' faireachdaiinn nuair a tha cuideigin a' coimhead às do dhèidh no a' toirt càram dhut. Agus cuideachd mar a tha e a' faireachdaiinn a bhith a' toirt càram do chuideigin no do rudeigin – a' cuideachadh caraid, a' coimhead às dèidh piuthar no bràthair beag, a' coimhead às dèidh peata.
-------------------------	--

Seirbheisean Èigin	Cuir air dòigh tadhal bho phoileas, neach-eiridinn, maor-cladaich no neach-smàlaidh – bhiodh e air leth feumail nan gabhadh e bhith gur e
---------------------------	---

boireannaich bho na dreuchdan sin a bhiodh annta. Dh'fhaodadh cuairt gu stèisean-smàlaidh, stèisean-poilis a bhith spòrsail cuideachd. Faodaidh a' chlann dealbhan a dhèanamh/gaileiridh a chruthachadh de na boireannaich agus na fireannaich air an tachair iad. Mar neach-foghlaim, bi faiceallach mun chànan a chleachdas tu, seachain *fear-smàlaidh* agus cleachd neach-smàlaidh.

Cluich	Cuidichidh èididhean agus uidheamachd san àite-cluich/raon-cluich/sa bhoga èididhean le cluich mac-meanmnach.
---------------	---

Orain	Coimhead an bhidio agus seinn an t-òran seo mu sheirbheisean èiginn. https://www.youtube.com/watch?v=I_3sYFhxJqU
--------------	--

LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHЛА NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD

Thoiribh sùil air an liosta shìlan a gheibhear aig Tràth-ìre.

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidih dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a' dèiligeadh, gabhaidh an cleachdadh còmhla ri clas no buidheann, an leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingean ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachdh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

This is the Firefighter

Laura Godwin

ISBN 1423108000

Do chlann nas òige. Tha fuaim a' tighinn bhon einnsean-smàlaidh. Tha an neach-smàlaidh a' leum gu chasan. Tha e a' leum dhan einnsean agus a' togail air gus cuideachadh!

Clive is a Nurse

Jessica Spanyol

ISBN 9781846439919 (Board book, 2017)

Dè nì Clive an-diugh? Lean Clive agus a charaidean 's iad ag ionnsachadh na bhios nurs a' dèanamh ann an latha. Bheir an leabhar eirmseach, laghach seo thugaibh eòlas air buidheann charaidean in-ghabhaltach agus brosnaichidh e leughadairean òga gus an ròlaichean fhèin a chruthachadh saor bho ghnàth-iomhaighean gnèitheasach.

Clive is a Teacher

Jessica Spanyol

ISBN 9781846439902

Lean Clive agus a charaidean 's iad a' rannsachadh na bhios tidsear a' dèanamh tron latha.

Topsy and Tim meet the Police

Jean agus Gareth Adamson

ISBN 9781409308836

Tha Topsy agus Tim ag ionnsachadh mu shàbhailteachd agus cho cudriomach 's a tha e nuair a tha dà phoileas a' tadhal air a' chlas. Tha an leabhar seo a' coimhead ri àiteachan sàbhailte anns am faigh clann cluich, agus na comharran a dh'innseas dhaibh gu bheil uidheachadh cunnartach.

Goireas teagaisg // Tha an t-susbaint seo gu lèir airson suidheachadh foghlaim. Airson tuilleadh fiosrachaидh thèidibh gu www.rshp.scot // Lùnastal 2019

Topsy and Tim meet the Ambulance Crew

Jean agus Gareth Adamson

ISBN 0721428606

Tha a' chlann ag ionnsachadh mu obair sgioba ambaileans – tha an sgeulachd na cuideachadh ma tha cobhair èiginneach a dhìth air cuideigin san teaghach.

Topsy and Tim Go to Hospital

Jean agus Gareth Adamson

ISBN 9781409304234

Thuit 'craobh' s bhual e ceann Tim. Tha e caran nearbasach mu dhol dhan ospadal, ach tha e a' faighinn a-mach cho laghach 's a tha na Dotairean 's na Nursaichean, agus tha tòrr chloinn eile san uàrd a chluicheas còmhla ris.